

Cuspair 22

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I know about the Gaels and Gaelic language in Canada.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can talk about the differences between the Gaelic language in Scotland and Canada.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can discuss Gaelic culture in Nova Scotia and Canada.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I know a bit about the history of the First Nations people living in Nova Scotia.	Done? <input type="checkbox"/>

1. A' Ghàidhlig ann an Canada | Gaelic in Canada

Ged a dh'fhàg Gàidheil Alba airson a dhol a dh'aitichean air feadh an t-saoghail aig Àm nam Fuadaichean, chaidh an t-uabhas dhiubh a **Chanada**. Aig an àm, b' i a' Ghàidhlig an treasamh cànan a bu mhotha a bh' ann an Canada, às dèidh Beurla agus Fraingis. B' ann a dh'**Alba Nuadh** a chaidh a' mhòr-chuid de na Gàidheil agus tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn an sin gus an latha an-diugh.

MÒR-ROINNEAN
CHANADA



Tha a' Ghàidhlig ann an Canada fhathast gu math coltach ris a' Ghàidhlig a th' ann an Alba, agus cluinnidh tu fhathast na diofar dhual-chainntean a thug Gàidheil Albannach leotha. Ach tha faclan sònraichte aca nach cluinn sinn ro thrìc ann an Alba.

stòr *m* | store 'bùth'

còbh *m* | cove

pòn *m* | pond, loch

dolar *m* | dollar

seant *m* | cent

mocaisean *pl* | moccasins

cucaidh *m* | cookie 'briosgaid'

cuimseach *adj* | accurate, fair

malpais *f* | maple

Tùsanach *m* | Indigenous person

Ann an Alba cluinnidh sinn daoine a' bruidhinn air **GOC** 'Gaelic Orthographic Conventions'. 'S e sin an stiùireadh a rinn an **SQA** 'Scottish Qualifications Authority' air mar a bu chòir dhuinn Gàidhlig a sgrìobhadh. Gheibh sinn iad air-loidhne an seo: www.sqa.org.uk/files_ccc/SQA-Gaelic_Orthographic_Conventions-En-e.pdf

Ann an Canada, cha do ghabh iad ri siostam **GOC**. Mar sin, chì sinn fhathast **seann dòighean litreachaidh** 'old spelling conventions'. Ann an Alba tha na **stràcan** 'accents' againn uile **trom** 'grave', ach ann an Canada chì sinn fhathast **stràcan geur** 'acute accents', mar eisimpleir: **mór** an àite **mòr**, **céilidh** an àite **cèilidh**.

Bruidhinn 🗣️ - **An deach thusa a-riamh a Chanada? Càit an deach thu?** Dèan còmhradh le caraaid, no ann am buidheann beag.

2. An t-Seann Dùthaich | The Old Country

Ann an Alba Nuadh bidh luchd-labhairt na Gàidhlig gu tric a' toirt **An t-Seann Dùthaich** 'The Old Country' air Alba agus a' toirt **An Dùthaich Ùr** 'The New Country' air Canada. Tha e furasta **buaidh na Seann Dùthcha** 'the influence of the Old Country' fhaicinn air na h-ainmean-àite. Tha tòrr àitichean, gu sònraichte ann an Alba Nuadh is Ceap Breatainn, a chaidh ainmeachadh às dèidh àitichean ann an Alba. Mar eisimpleir:



Dùn Bheagan | Dunvegan

Sruighlea | Stirling

Glaschu Ùr / Am Baile Beag | New Glasgow

An t-Òban | Oban

Cnòideart | Knoydart

Mòrar | Morar

Dùn Deagh | Dundee

Inbhir Nis / An Sìthean | Inverness

Gleann Ailpein | Glen Alpine

Gleanna Gàradh | Glengarry

Chaidh cuid de dh'àitichean ainmeachadh sa Bheurla ach tha **tionndadh Gàidhlig** 'a Gaelic version' ann cuideachd:

An t-Eilean Fada | Long Island

Sealladh an Eilein | Islandview

An Druim Mór | Big Ridge

Am Pòn Beag | Little Pond

An Tràigh Mhór | Big Beach

An Ceann a Deas | South Head

Loch nan Gàidheal | Scotch Lake

Am Bràighe Grianach | Sunny Brae

Chì sinn cuideachd **buaidh na Gàidhlig** 'the influence of Gaelic' air cuid de na h-ainmean-àite sa Bheurla:

An Gleann Dubh | Glen Dhu | _____

Àrd Nis | Ardness | _____

A' Chreag Mhór | Craigmore | _____

Gleann a' Bhàird | Glen Bard | _____

Beinn Eòin | Ben Eoin | _____

Sgeir Dhubh | Skir Dhu | _____


Sgrìobh ✎ - Dè tha na h-ainmean seo a' ciallachadh? Cuir na h-ainmean seo dhan Bheurla.

Bruidhinn 🗣️ - Dèan còmhradh sa chlas mu na h-àitichean seo air fad: **An deach duine sam bith gu àite ann an Canada agus ann an Alba air a bheil an t-aon ainm? A bheil duine sam bith eòlach air gin de na h-àitichean seo ann an Alba no ann an Canada?**

3. Iomairtean Gàidhlig | Gaelic Affairs

Tha aon àite eile air taobh a-muigh Alba far a bheil a' Ghàidhlig fhathast ga bruidhinn sa choimhearsnachd, agus 's e sin **Alba Nuadh** air taobh an ear Chanada. Chaidh Gàidheil à Alba a dh'fhuireach ann an Canada aig àm nam Fuadaichean, agus thug iad a' Ghàidhlig agus an **dualchas Gàidhealach** leotha. Mar as trice, dh'fhuirich iad còmhla ris na daoine aca fhèin, na daoine a dh'fhàg an t-aon eilean no an t-aon àite riutha ann an Alba. Aig aon àm, timcheall air 1850, bha faisg air 100,000 duine ann an Alba

GÀIDHLIG ANN AN ALBA NUADH



FROILIG-LUAIDH - HOGOMA



Nuadh aig an robh a' Ghàidhlig. Anns an latha an-diugh, tha aon neach anns gach triùir aig a bheil dualchas Gàidhealach, ach chan eil ach nas lugha na 2000 aig a bheil a' Ghàidhlig. Mar a bhios a' tachairt nas trice ann an Alba a-nis, bidh daoine ùra ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Canada. Dh'fhosgail a' chiad sgoil Ghàidhlig air taobh a-muigh Alba ann an **Ceap Breatainn** ann an 2021 agus tha **Colaisde na Gàidhlig** cuideachd ann an Ceap Breatainn. Tha Gàidheil na h-Albann Nuaidh air cuid de na traidiseanan a bha againn ann an Alba a chumail beò, **an fhroilig-luaidh** agus **dannsa-ceum** mar eisimpleirean.

NAS CUMANTA ANN AN ALBA NUADH:

Dé 'n saoghal a th' agad?
A bheil deoch bhuat?
gàbhaidh | dangerous, perilous
cuimseach | accurate, fair
(a) theagamh | perhaps

NAS CUMANTA ANN AN ALBA:

Dè do chor? | Dè do bheò?
A bheil thu ag iarraidh deoch?
uabhasach | terrible
meadhanach | middling
's dòcha | perhaps

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh mu na rudan a th' againn **a-bhos an seo ann an Alba** is na rudan a th' aca **thall an sin ann an Canada**.

A-bhos an seo an Alba tha tòrr sgoiltean Gàidhlig againn.

Thall an sin ann an Canada tha tòrr iomairtean cultarach aca.

4. An Drochaid Eadarainn | The Bridge Between Us

Tha a' Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal air am faicinn mar drochaid **eadar** Alba agus Alba Nuadh, mar drochaid **eadarainn**. Tha tòrr sgeulachdan, òrain agus bàrdachd a chaidh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig ann an Alba Nuadh. Tha làrach-lìn ann, a tha coltach ri **Tobar an Dualchais**, air a bheil **An Drochaid Eadarainn** 'The Bridge Between Us'. Cluinnidh tu **Gàidhlig na h-Albann Nuaidh** 'the Gaelic of Nova Scotia' an sin.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

eadarainn



We have seen the preposition **eadar** 'between' used in the course. This behaves slightly differently to other prepositions we have seen. **Eadar** can only combine with the pronouns **sinn**, **sibh** and **iad**, to say 'between us', 'between you(s)', or 'between them'.

eadar + sinn _____

eadar + sibh _____

eadar + iad _____

- **Cha tig duine eadarainn.** | Nobody will come between us.
- **Chuala mi argamaid eadaraibh.** | I heard an argument between you(s).
- **Dè tha a' dol eatarra?** | What is going on between them?

When we are saying something is between two things: **mise agus an doras**, **sinne agus ar biadh**, we don't combine **eadar** with **sinn**, **sibh**, or **iad** and nouns or pronouns which follow **eadar** are in the nominative case.

- **Bha iad eadar mise agus an doras.** | They were between me and the door.
- **Bha e eadar fealla-dhà is dha-rìribh.** | He was between joking and seriousness.
- **Sheas mi eadar an t-each agus an geata.** | I stood between the horse and the gate.
- **Cha tig dad eadar sinne agus ar biadh.** | Nothing will come between us and our food.

Èist 🎧 ris a' chlàradh seo co-dhiù dà thuras anns a' chlas an toiseach agus feuch air na ceistean gu h-ìosal a fhreagairt - www.androchaid.ca/siorramachd-inbhir-nis

Sgrìobh ✎ - Freagair na ceistean seo mun chlàradh.

1. Càit an tàinig na Gàidheil na bu tràithe na àite sam bith eile ann an Ceap Breatainn?

2. Carson a dh'fhalbh a' chuid a bu mhotha de na daoine?

3. Dè thachair ann an Eilean Ruma san naoidheamh linn deug?

4. Cia mheud eaglais dom buin Gàidheil Shiorrachd Inbhir Nis? Cò iad na h-eaglaisean?

Èist 🎧 ris a' chlàradh a-rithist ach faodaidh tu an tar-sgrìobhadh seo a leughadh aig an aon àm an turas seo:

Theagamh gun tàinig Gàidheil gu cladaichean **Siorramachd** Inbhir Nis na bu tràithe na àite sam bith eile ann an Ceap Breatuinn. Ràinig a' chiad **luchd-àiteachaidh** à fearainn Chloinn Raghnaill – Mùideart, Mòrar, Uibhist is na h-Eileanan Beaga.

Às an deoghaidh sin, thàinig 's **thuinich** daoine à Strath Ghlais, Loch Abar is feadhainn a bharrachd à Uibhist a Deas – nam measg, Gàidheil a **dh'aitich** an toiseach an Eilean Eòin. Dh'fhalbh a' chuid a bu mhotha dhe na daoine seo ann an dùil gum faigheadh iad cuidhteas am **fòirneart** sna h-àiteachan a chuir iad rin cùl. Gu dearbha, tràth san naoidheamh linn deug, cha bu mhór nach deach muinntir Eilein Ruma gu lèir fhuadachadh a-null gu tìr aig Caolas Chanso.

Buinidh Gàidheil Shiorramachd Inbhir Nis do dhà eaglais: an Eaglais Phròstanach is an Eaglais Ròimh. Chithear an-diugh mar a chruthaich na Gàidheil coimhearsnachdan sa bheil cleachdaidhean is cànanan ionadail mar a bh' aig an **cuideachd** air an taobh thall dhen chuan.

siorramachd *f* | siorrachd *shire, county*

luchd-àiteachaidh *m* | inhabitants

Às deoghaidh *prep* | Às dèidh *after*

tuinich! *v* | settle, colonise!

aitich! *v* | inhabit, farm!

fòirneart *m* | violence

buin! *v* | belong!

cuideachd *f* | company, society

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh mun ghuth a chuala tu anns a' chlàradh:

A bheil thu a' cluinntinn an diofair sa Ghàidhlig aige?

A bheil blas Canadach aige? Am biodh fios agad gur ann

à Alba Nuadh a bha am fear a tha a' bruidhinn?

A bheil e furasta no doirbh a thuigsinn?

Dè an dual-chainnt as fheàrr leatsa?



Is diombuan [*dìomain*] **gach cas air tìr gun eòlas.** | Every foot is fleeting in unknown land.

'S e siud a' chulaidh-nàire / a bhith faicinn dhaoine làidir / gam fuadach thar sàile / mar bhàrrlach gun fheum. | That is the disgrace, to be seeing strong people, being cleared over the ocean, like useless debris.

Èist 🎧 - www.youtube.com/watch?v=BcYB2bMM6IE

Fuadach nan Gàidheal - le Eanraig 'Fionn' MacIlleBhàin à Eilean Èisdeal an Earra-Ghàidheal

➔ Theirigibh gu [22A Duilleag Mìneachaidh, 22B Duilleag Obrach, 22C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Pàdraig: Abair latha math airson ruith. Càit an robh thusa an-diugh?

Mìcheal: Tha mi duilich. Bha mi trang anns an oifis, agus bha mo cho-ogha air a' fòn à Ceap Breatainn. Tha i a' dèanamh fiughair rid fhaicinn nuair a thèid thu a-null gu Alba Nuadh.

Pàdraig: Tha mi air a bhith air bhioran bhon a chuala mi gum bi mi a' dol a-null còmhla ri sgioba a' chùrsa chiùil.

Mìcheal: Bidh Ceap Breatainn glè thrang le luchd-turais anns an Iuchar.

Pàdraig: Bidh sinn air tìr-mòr Alba Nuadh airson dà latha, ann am Baile Phiogto agus Antaiginis, no Am Baile Mòr, agus an uair sin siùbhlaidh sinn gu Ceap Breatainn.

Mìcheal: Am bi sibh a' fuireach anns an aon àite?

Pàdraig: Bidh sinn a' fuireach ann am Màbu agus a' siubhal air feadh an eilein.

Mìcheal: Chaidh bun-sgoil Ghàidhlig fhosgladh ann am Màbu, sin a' chiad tè ann an Canada.

Pàdraig: Tha Colaiste Ghàidhlig ann an Ceap Breatainn cuideachd, nach eil?

Mìcheal: Tha! Bidh cùrsaichean agus cèilidhean gu leòr an sin. Tha i ann am Bàgh Naomh Anna, mu uair a thède ann an càr à Màbu. Siùbhlaidh sibh tro Hogoma is Badaig.

Pàdraig: Tha na h-ainmean-àite iongantach.

Mìcheal: Chaidh àiteachan ainmeachadh le na Gàidheil a chaidh a-null às dèidh nam Fuadaichean agus cuid le Frangaich is Èireannaich, ach gu h-àraidh leis na Tùsanaich, na Mi'kmaq. Nuair a chaidh na Gàidheil fhuadach, chaidh mòran a-null thar a' chuain gu Canada. Chaidh a' Ghàidhlig agus cuid de dh'ainmean-àite a-null dhan Dùthaich Ùir às an t-Seann Dùthaich.

Pàdraig: An t-Seann Dùthaich. Is toil leam sin.

Mìcheal: Sin a their mòran ri Alba, ged nach robh iad a-riamh ann! Stèidhich muinntir na Seann Dùthcha coimhearsnachdan a rèir 's cò às a dh'fhalbh iad. Mar Lèic Uibhist agus Gleann nan Sgitheanach. Chùm iad na dual-chainntean aca cuideachd.

Pàdraig: A bheil e mar sin an-diugh?

Mìcheal: 'S e na seann daoine gu h-àraidh a bha a' cumail nan dual-chainntean beò. Tha òigridh a' bruidhinn Gàidhlig ge-tà, agus tha iad a' cumail a' chiùil a' dol.

Pàdraig: Chan eil mòran a' cluiche a' bhogsa thall an sin. 'S fheàrr leotha fidheall is pìana. Bheir mi leam am meur-chlàr agus am bogsa.

Mìcheal: Dè mu na brògan dannsaidh agad? Tha muinntir Cheap Breatainn uabhasach measail air dannsa, gu h-àraidh dannsa ceum!

Pàdraig: Cuimhnich nach dèan mise ach Schottische!



5. Chaidh an cur a-null | They were sent over

Chunnaic sinn structar fulangach cumanta ann an **Cuspair 11** a tha a' cleachdadh **chaidh** agus **thèid** ann an seantansan far nach eil iad a' ciallachadh 'went' no 'will go'.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

Chaidh na daoine a chur a-null



In English we can say something 'got done', that people 'got sent'. In Gaelic we use the verb **rach** 'go' to do this. This structure causes inversion when used with direct objects. As we saw with previous inversion sentences, the verb is lenited where possible and preceded by an **a**, except where verbs start with a vowel, or **f** + vowel.

- **Chaidh** na daoine **a chur** a-null. | The people **got sent** over.
- **Thèid** Gàidhlig **ionnsachadh** san sgoil. | Gaelic **will get learned** in the school.
- **An deach** na Gàidheil **fhuadach**? | Did the Gaels **get cleared**?
- **Chaidh** an dachaighean **a thoirt** bhuapa. | Their homes **got taken** from them.

We can also use this structure with a pronoun rather than a noun as a direct object. When we do this we need to use the possessive adjectives: **mo, do, a, a, ar, ur, an**.

- | | |
|--|--|
| ▪ Chaidh na daoine a chur a-null.
The people got sent over. | → Chaidh an cur a-null.
They got sent over. |
| ▪ Thèid Gàidhlig ionnsachadh san sgoil.
Gaelic will get learned in the school. | → Thèid a h-ionnsachadh san sgoil.
It (She) will get learned in the school. |
| ▪ An deach na Gàidheil fhuadach ?
Did the Gaels get cleared ? | → An deach am fuadach ?
Did they get cleared ? |
| ▪ Chaidh an dachaighean a thoirt bhuapa.
Their homes got taken from them. | → Chaidh an toirt bhuapa.
They got taken from them. |

Sgrìobh  na seantansan seo a-rithist a' cleachdadh nam buadhairean sealbhach an àite nan **ainmearan**:

1. Chaidh **a' Ghàidhlig** a thoirt a-null a Chanada aig Àm nam Fuadaichean.

2. Chaidh **bailtean ùra** a stèidheachadh leis na Gàidheil Albannach.

3. 'S e Glaschu Ùr a th' air. Chaidh **am baile** ainmeachadh às dèidh Ghlaschu.

4. Cha deach **a' Ghàidhlig** a dhèanamh na cànan oifigeil ann an Canada.

5. Thèid **na taighean** a thogail anns a' bhaile ùr.

Tha sinn air na riaghailtean airson buadhairean sealbhach fhaicinn grunn tursan ach seo iad a-rithist. Bidh toiseach a' ghnìomhair ag atharrachadh a rèir nan riaghailtean seo:

LENITION			H-VOWEL	N-VOWEL	AM - BFMP	
mo	do	a	a	ar	ur	an

Chaidh Got	mo my	thoirt taken	dhachaigh homewards
----------------------	-----------------	------------------------	-------------------------------

An deach Did get	ur your	n-aithneachadh recognised	?	Chaidh Got	ar our	n-aithneachadh recognised
----------------------------	-------------------	-------------------------------------	---	----------------------	------------------	-------------------------------------

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, cuiribh ceistean air a chèile a' cleachdadh an structair seo:

- **An deach do thogail ann an Alba? Càit an deach do thogail?**
- **An deach do chur a-null thairis led obair a-riamh? Càit an deach do chur?**
- **An deach d' fhuadachadh a-mach à taigh sam bith? Carson a chaidh d' fhuadachadh?**
- **An deach d' ainmeachadh sa phàipear-naidheachd a-riamh? Carson a chaidh d' ainmeachadh? Càit an deach d' ainmeachadh?**

Sgrìobh ✎️ - Freagair na ceistean seo mu dheidhinn nan dealbhan. Cleachd am buadhair sealbhach anns an fhreagairt agad.

1. Chaidh na litrichean a chur don phost. Càit an deach an cur don phost?



2. Chaidh ceòl a chluiche. Càit an deach a chluiche?



3. Chaidh am bàta a sheòladh. Càit an deach a sheòladh?



6. Ciad-nàiseanaich | First Nations People

Chan e buaidh na Gàidhlig a-mhàin a chì sinn air mapa na h-Albann Nuaidh, agus gu dearbh, chan e 'dùthaich ùr' a th' ann do na **Ciad-nàiseanaich**. Is iadsan na daoine a bha a' fuireach ann an Canada mus deach daoine às an Roinn Eòrpa a thuineachadh ann. 'S e **Mi'kmaq** an t-ainm a th' air na tùsanaich a bha a' fuireach bho thùs ann an Alba Nuadh.

Tha na Mi'kmaq air aon de na **treubhan** Algonquian air taobh an ear Chanada. Air a' mhapa seo air an taobh dheas, chì sinn na prìomh bhuidhnean de na Mi'kmaq agus cuid de na h-ainmean-àite aca.

Air sgàth 's gu bheil na Gàidheil agus na Mi'kmaq nam **mion-shluaghan**, agus gu bheil **mion-chànain** aca, tha càirdeas eatarra a-nis agus bidh iad ag ionnsachadh bho chèile agus a' cuideachadh a chèile.



UNION OF NOVA SCOTIA MI'KMAQ:
WWW.UNSM.ORG/

coimhearsnachdan Mi'kmaq agus a' teagasg a' chànain aca. Tha buidhnean eile leithid **Aonadh Mi'kmaw na h-Albann Nuaidh** ag iomairt airson cultar agus còraichean nam Mi'kmaq.

Tha Canada a' feuchainn ri dèiligeadh ri eachdraidh na h-Ìmpireachd Breatannaiche agus ri colonachd. Aig aon àm bhathas a' feuchainn ri cur às do chànain is do chultaran nan Ciad-nàiseanach, ach a-nis tha oidhirpean dì-cholonachaidh ann. Stèidhich Achd Foghlaim Mi'kmaq 1998 buidheann ris an canar **Mi'kmaw Kina'matnewey** a bhios a' cur air dòigh sgoiltean anns na

Ciad-nàiseanach *m* | First Nations person

treubh *f* | tribe

mion-shluagh *m* | minority people

mion-chànain *m* | minority language

tuineachadh *m* | settling, colonising

ìmpireachd *f* | empire

ìmpireileas *m* | imperialism

colonachd *f* | colonialism

dì-cholonachadh *m* | decolonisation

iar-cholonachd *f* | post-colonialism

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, bruidhinn air na Ciad-nàiseanaich. **Chaidh na Gàidheil fhuadach à Alba, ach an uair sin chaidh na Ciad-nàiseanaich fhuadach às an talamh acasan, an urrainn dhaibh a chèile a chuideachadh a-nis? Dè as urrainn dhaibh ionnsachadh bho chèile?**

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-22-alba-nuadh-nova-scotia

Èist ris a' chlàradh seo co-dhiù dà thuras còmhla ris a' chlas. Tha cuid den bhriathrachas ùr a bhios a dhìth anns a' bhogsa seo:

Innseanach *m* | Indian

ceadaichte *adj* | permitted, allowed

gabhail orra mar | describe them as

ris an cainte | who/that would be called

mòr-thìr *f* | mainland, continent

gnè *m* | sort, species / gender

Chan eil e gu diofar mura do thuig sinn am pìos gu lèir. Tha e feumail a bhith a' cluinntinn deagh Ghàidhlig agus a' fàs cleachdte rithe.

Èist 🎧 ris a' chlàradh aon turas eile, ach a-nis **Leugh** 📖 **an tar-sgrìobhadh** 'the transcription' a gheibh sinn air **22B Duilleag Obrach** aig an aon àm.

Sgrìobh ✍️ - Freagair na ceistean seo mun chlàradh.

1. Carson nach eil e ceadaichte 'Innseanaich dhearga' a ghabhail air na Mi'kmaq?

2. Dè chanas sinn riutha a-nis sa Bheurla, agus ciamar a chanas tu sin sa Ghàidhlig?

3. Cò às a thàinig na daoine geala?

4. Cò dha a bhuineas na tùsanaich à Ameireagaidh is à Canada bho thùs?

5. Dè an t-ainm a th' air an treubh nas fharsainghe dom buin na Mi'kmaq?

6. Ciamar a thàinig na daoine sin à ceann a tuath Àisia?

Slàn le Albainn, ghleann is chnoc, / oir is èiginn dhòmhsa triall a-nochd, / gun dùil am feast ri cois air d' fheur. / Mo chreach! Mo chràdh! 'S e fàth mo dheur. | Goodbye to Scotland, its glen and hill, / because I have to journey tonight, / without expectation ever again to walk on your grass. / My ruin! My torment! It's the cause of my tears.

➔ Theirigibh gu [22A Duilleag Mìneachaidh, 22B Duilleag Obrach, 22C Duilleag Geama]